

Ceiteag agus dràgon nan cumaidhean

Miriam Moss • Peet Ellison

Ceiteag agus dràgon nan cumaidhean



An teacsa Miriam Moss

Na dealbhan Peet Ellison

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR

Latha bha siud bha Ceiteag anns
a' chlasrum a' cluich gèam air a' choimpiutar.
Bha aice ri dhà dhe gach cumadh a lorg.
Lorg i dà chèarnag agus dà chearcall ach
cha do lorg i ach aon triantan.
"Càit a bheil an triantan eile?"
thuirt Ceiteag.



An sin chaidh an sgrion dearg, gorm,
an uair sin uaine, agus nochd
aodann beag.
"Halò, a Cheiteag," thuirt e. "Is mise Blip.
Cuidichidh mi thu a' lorg an triantain
a tha air chall. Dùin do shùilean agus
tugainn còmhla rium."
Dhùin Ceiteag a sùilean ...



"Càit a bheil mi?" dh'fhaighnich Ceiteag nuair a dh'fhosgail i a sùilean.
"Tha thu am broinn a' choimpiutair," arsa Blip. Chunnaic Ceiteag duilleag làn chumaidhean.
"Siud an gèam-chumaidhean agamsa!" thuirt i.

Choimhead Blip air clàr a' choimpiutair agus phut e *Cumaidhean*.





San spot, dh'fhosgail doras agus chaidh Ceiteag agus Blip a-steach. Chunnaic iad toll fada.



Thòisich Ceiteag agus Blip air coiseachd
sìos an toll.
Gach taobh a shealladh iad bha tòrr
chumaidhean beaga.
Bha ceàrnagan agus cearcaill ann
ach cha robh aon triantan ri fhaicinn.



"Càit an lorg sinn triantain?" dh'fhaighnich Ceiteag dha Blip.

"Cha lorg thu triantain an seo co-dhiù," arsa Blip.

"Thug dràgon nan cumaidhean leis iad."

Ràinig Ceiteag agus Blip uaimh mhòr.
An sin aig cùl na h-uaimhe bha dràgon.
Bha triantain mhòra dhearga nan sreath air a dhruim agus fear beag uaine air bàrr earbaill.
Bha e an sin na shuain chadail.

Na chadal bha an dràgon a' sèideadh a-mach teine agus bha an uaimh làn deathaich. Chaidh an deathach suas sròin Ceiteag. "A ... tisiù!" Rinn i srèathart.

Dh'fhosgail an dràgon a shùilean purpaidh agus leum e. Bha e glè chrosta.

"Dè tha thusa ag iarraidh?" thuirt e le dranndan.

"Am faigh mi aon triantan bhuat, mas e do thoil e?" dh'fhaighnich Ceiteag.



"Cha toir mise mo thriantain do dhuine sam bith," thuirt an dràgon.
"Chan eil a dhìth orm ach aon triantan beag," arsa Ceiteag. "Dè mun fhear a tha air bàrr d' earbaill?"
"Um ..." ars an dràgon.
"Bheir mi dhut mo bhràiste rionnaig," thuirt Ceiteag.

Dheàrrs sùilean an dràgoin.
"Cha robh cumadh rionnaig agam riamh," thuirt e.
Mar sin thug Ceiteag dhan dràgon am bràiste rionnaig a bha air a geansaidh agus thug an dràgon dhìse an triantan beag uaine a bha air bàrr earbaill.

An dèidh sin thuirt Ceiteag agus Blip, 'Tapadh leat' ris an dràgon agus choisich iad air ais suas an toll gus an do ràinig iad an gèam-chumaidhean aig Ceiteag a-rithist.

Sa mhionaid sin thionndaidh a h-uile rud dearg, gorm agus an uair sin uaine. Ann an tiotan bha Ceiteag air ais sa chlasrum, dìreach ann an tìde airson clag àm cluiche.



Choimhead Ceiteag air sgrion
a' choimpiutair agus an sin bha an
triantan a bha air chall.
Thàinig a' Bh.ph. Mhoireastan a-nall
chun a' choimpiutair.
"An do lorg thu na cumaidhean uile?"
dh'fhaighnich i.
"Lorg," thuirt Ceiteag.

Nuair a bha Ceiteag a' dol a-mach a chluich dh'èigh a' Bh.ph. Mhoireastan oirre. "Nach robh bràiste rionnaig agad air do gheansaidh?" dh'fhaighnich i. "Bha," arsa Ceiteag. "Ach thug mi e do charaid."

Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD FLORENCE PRAGUE MADRID ATHENS
MELBOURNE AUCKLAND KUALA LUMPUR SINGAPORE TOKYO
IBADAN NAIROBI KAMPALA JOHANNESBURG GABORONE
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO MEXICO CITY SAO PAULO

© Miriam Moss 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004
10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Miriam Moss a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 658 9